

# N5

Nàiseanta 5  
Obair-Cùrsa  
Gnìomh Measadh



## Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 Obair shònraichte Gnìomh Measadh

**Dligheach bho sheisean 2023-24 gus an toirear brath a bharrachd.**

An t-eagran seo: An t-Sultain 2024 (dreach 3.0)

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachan seo ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin. Chan fhaod a bhith air ath-riochdachadh airson adhbharan malairt no malairteach. 'S ann airson cleachdadh le luchd-teagaisg is òraidichean a tha an t-susbaint seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2019, 2024

# Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Stiùireadh do thidsearan is òraidichean	2
Stiùireadh air comharrachadh	4
Stiùireadh nan Oileanach	14

# Ro-ràdh

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad stiùireadh do thidsearan is òraidichean, stiùireadh air comharrachadh agus stiùireadh do thagraichean airson na h-obrach shònraichte airson Nuadh-eòlas Nàiseanta 5. Feumar a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh-chùrsa.

Tha an obair shònraichte seo luach 20 comharra. Tha na comharran a' cur ri 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Is e seo aon de dhà cho-phàirt airson measadh a' chùrsa. Is e pàipear cheistean a tha sa cho-phàirt eile.

# Stiùireadh do thidsearan is òraidichean

## Stòrasan sònraichte rin toirt a-steach don mheasadh

Rè na h-ìre mu dheireadh de thoradh fianais, bu chòir gu bheil cothrom aig tagraichean air an duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais aca a-mhàin. Feumar an duilleag rannsachaidh a chur a-steach don SQA còmhla ris an fhianais a fhuair rè na h-ìre mu dheireadh de thoradh fianais. Bu chòir nach bi an duilleag rannsachaidh a' toirt suas còrr is dà dhuilleag shingilte A4.

Bu chòir gu bheil an duilleag rannsachaidh Nuadh-eòlais a thugadh a-steach don ìre toradh fianais a' sealltainn fianais air prìomh-rannsachadh no iar-rannsachadh a rinneadh leis an tagraiche agus dh'fhaodadh i gabhail a-steach, mar eisimpleir:

- ◆ dàta staitistigeach, grafaigeach no àireamhach
- ◆ toraidhean suirbhidh
- ◆ ceistean agus/no freagairtean agallaimh
- ◆ ceisteachan agus/no toraidhean
- ◆ liosta de thoraidhean rannsachaidh air an eadar-lìon
- ◆ altan no às-earrannan bho phàipear-naidheachd
- ◆ notaichean air an gabhail bho chuairt no òraid
- ◆ notaichean air an gabhail bho thùs sgrìobhte no lèir-chlaisneach

Faodaidh tagraichean stiùireadh fhaighinn bhon tidsear no òraidiche aca air na seòrsaichean de-mhodhan rannsachaidh a bhiodh freagarrach don obair shònraichte Nuadh-eòlais.

'S e adhbhar na duilleig rannsachaidh Nuadh-eòlais, tagraichean a chuideachadh ann a bhith a' taisbeanadh toraidhean an rannsachaidh aca agus a' cur an gnìomh an sgilean, eòlas agus tuigse.

Sna h-earrannan air modhan rannsachaidh agus toraidhean rannsachaidh, feumaidh tagraichean iomradh a dhèanamh air toraidhean an rannsachaidh aca a tha san duilleig rannsachaidh, air neo chan urrainn dhaibh na comharran uile fhaighinn a tha rim faotainn. Cha bhithear a' toirt seachad comharra sam bith airson na fianais rannsachaidh a thugadh a-steach don mheasadh.

Bu chòir gu bheil an duilleag rannsachaidh a' toirt seachad fianais air an rannsachadh a rinneadh leis an tagraiche fhèin. Cha bu chòir don duilleig rannsachaidh a bhith ann an cruth 'plana', oir tha seo buailteach a bhith a' brosnachadh dèanamh lethbhreacan dìreach, rud nach buannaich creideas sam bith.

Bheir SQA seachad teamplaid airson na h-ìre toradh fianais airson na h-aithisg Nuadh-eòlais. Bidh an teamplaid seo a' ceadachadh fhreagairtean structaraichte. Faodar duilleagan a bharrachd a chleachdadh, ma tha iad riatanach.

Comharran gu lèir rim faotainn	20
Sgilean	14
Eòlas agus tuigse	6

# Stiùireadh air comharrachadh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh e cuideachail mar an ceudna dhaibhsan a tha ag ullachadh thagraichean airson measadh cùrsa.

Bidh fianais thagraichean ga cur a-steach chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

## Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Tha am fiosrachadh seo ga thoirt seachad airson do chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumar cur an gnìomh nuair a thathar a' comharrachadh freagairtean thagraichean san obair shònraichte seo. Feumar na prionnsapalan seo a leughadh an co-bhoinn ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean thagraichean.

- a Feumar na comharran airson gach freagairt tagraiche a bhuileachadh **an-còmhnaidh** a rèir nam prionnsapalan coitcheann air comharrachadh seo agus a rèir an stiùiridh mhionaideach air comharrachadh airson a' mheasaidh seo.
- b Bu chòir gu bheil comharrachadh an-còmhnaidh posataibh. Tha seo a' ciallachadh gun tèid, airson gach freagairt tagraiche, comharran a chruinneachadh far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; cha bhithear gan toirt air falbh bho uas-mheud air sgàth mhearachdan no dearmadan.
- c Far nach eil freagairt tagraiche a' tighinn, a rèir coltais, fo na prionnsapalan no fon stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, no far a bheil an tagraiche air rannsachadh a dhèanamh ann an raon far nach urrainn dhut an t-eòlas a chuir iad air adhart a dhearbhadh, agus ma tha mì-chinnt ann air mar bu chòir a mheasadh, feumar comhairle iarraidh bho stiùireadair an sgioba agad.
- d Cha bhithear a' toirt seachad comharran sam bith far a bheilear air lethbhreac a dhèanamh gu dìreach bhon duilleig rannsachaidh.

Cha bhithear a' comharrachadh na duilleige rannsachaidh. Faodaidh luchd-cheartachaidh iomradh a dhèanamh, ge-tà, air an duilleig rannsachaidh gus soilleireachadh a thoirt seachad air puingeann a rinn an tagraiche ann a bhith a' taisbeanadh na fianaise aca, agus gus tuigse fhaighinn air na bha an tagraiche an dùil ri ràdh.

## Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Ann a bhith a' taisbeanadh nan toraidhean aca, bu chòir do thagraichean na sgilean, eòlas is tuigse a leanas a shealltainn:

- ◆ a' taghadh, leis an ìre as lugha de thaic, cuspair no cùis Nuadh-eòlais a tha freagarrach

- ◆ a' dèanamh measadh air èifeachdas dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, a' toirt beachd air na neartan is laigse aca far a bheil sin iomchaidh
- ◆ a' tarraing air eòlas agus tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh air prìomh fheartan a' chuspair no cùise
- ◆ a' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir, le taic bho fhianais, mun chuspair no cùis

**A A' taghadh, leis an ìre as lugha de thaic, cuspair no cùis Nuadh-eòlais a tha freagarrach**

Ged nach bithear a' toirt seachad comharran gu sònraichte airson na h-earrainn seo, tha e riatanach gu bheil tagraichean air cuspair Nuadh-eòlais freagarrach a thaghadh ma tha iad airson cothrom fhaighinn air an raon iomlan de chomharran a tha rim faotainn ann an earrannan B, C agus D.

**B A' dèanamh measadh air èifeachdas dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, a' toirt beachd air na neartan is laigsean aca far a bheil sin iomchaidh**

Faodaidh tagraichean creideas a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu 10 comharran aig a' char as motha. Airson chomharran iomlan, feumaidh tagraichean iomradh a dhèanamh air dà mhodh rannsachaidh. Thoir suas gu 6 comharran airson measadh a dhèanamh air aon mhodh rannsachaidh. Na toir seachad comharran mas e 's nach tug an tagraiche iomradh air an fhianais rannsachaidh a thugadh a-steach don mheasadh. A bharrachd air sin, na toir seachad comharran ma tha an tagraiche dìreach air tuairisgeul coitcheann a thoirt seachad air modhan rannsachaidh, seach iomradh sònraichte a dhèanamh air na modhan rannsachaidh a chleachd iad fhèin dha-rìribh, mar a tha a' nochdadh air an duilleig rannsachaidh aca.

**C A' tarraing air eòlas agus tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh air prìomh fheartan a' chuspair no cùise**

Faodaidh tagraichean creideas a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu 6 comharran aig a' char as motha. Feumaidh tagraichean co-dhiù aon iomradh dìreach a dhèanamh air an fhianais rannsachaidh a thugadh a-steach don mheasadh, air neo thoir seachad 4 comharran aig a' char as motha.

**D A' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir, le taic bho fhianais, mun chuspair no cùis.**

Faodaidh tagraichean creideas a chosnadh ann an grunn dhòighean suas gu 4 comharran aig a' char as motha. Bu chòir gu bheil tagraichean a' taisbeanadh sgilean nuadh-eòlais leithid dèanamh cho-dhùnaidhean no molaidhean, no a' ruigsinn cho-dhùnaidhean, stèidhichte air fianais a thug iad seachad. Na toir seachad comharran airson ath-aithris thoraidhean.

Thathar air iad seo a thaisbeanadh cuideachd ann an cruth clàir, gus cuideachadh a thoirt do luchd-ceartachaidh ann a bhith a' faighinn tar-shealladh air mar a bu chòir na prionnsapalan comharrachaidh a chur an gnìomh.

Tha an stiùireadh mionaideach air comharrachadh seo a' toirt seachad a' bhun-stèidh air am bu chòir na prionnsapalan comharrachaidh a chur an gnìomh.

Sgilean	Stiùireadh air comharrachadh	Comharras àirde	Stiùireadh a bharrachd
A	A' taghadh, leis an ìre as lugha de thaic, cuspair no cùis Nuadh-eòlais a tha freagarrach	0	<p>Ged nach bithear a' toirt seachad comharran gu sònraichte airson na h-earrainn seo, tha e riatanach gu bheil tagraichean air cuspair Nuadh-eòlais freagarrach a thaghadh ma tha iad airson cothrom fhaighinn air an raon iomlan de chomharran a tha rim faotainn ann an earrannan B, C agus D.</p> <p><b>Cuspair/cùis rannsachaidh</b>            Bidh an cuspair/cùis rannsachaidh a' leigeil le tagraichean cothrom fhaighinn air an raon iomlan de chomharran an urra ri factaran leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buntainneas na ceiste don chuspair rannsachaidh</li> <li>◆ an ìre de mhion-fhiosrachadh</li> <li>◆ an ìre de gheur-bheachd</li> <li>◆ farsaingeachd fòcais</li> </ul> <p>Faodaidh tagraichean a' cheist rannsachaidh aca a chur air adhart ann an cruth beachd-bharail no amasan, ged nach eil seo riatanach.</p>

Sgilean	Stiùireadh air comharrachadh	Comharras àirde	Stiùireadh a bharrachd
B	A' dèanamh measadh air èifeachdas dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, a' toirt beachd air na neartan is laigsean aca far a bheil sin iomchaidh	10	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 10 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p>Chan eil comharran sam bith rim faotainn airson modhan rannsachaidh ainmeachadh no airson tuairisgeul air a' phròiseas a thoirt seachad.</p> <p><b>Modhan rannsachaidh</b>  Airson làn chomharran fhaotainn, feumar iomradh a dhèanamh air dà mhodh rannsachaidh. Tha <b>suas gu 6 comharran</b> rim faotainn airson gach modh rannsachaidh, an urra ri factaran leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ bu chòir gu bheil an duilleag rannsachaidh a thugadh a-steach don ìre toradh fianais a' gabhail a-steach fiosrachadh ceangailte ri gach aon de na modhan rannsachaidh. Cha bu chòir comharran sam bith a thoirt seachad mas e 's nach eil fianais ann air an rannsachadh a rinneadh.</li> <li>◆ measadh a dhèanamh air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach carson a bha gach modh rannsachaidh freagarrach airson na ceiste rannsachaidh a chaidh a thaghadh</li> <li>◆ neartan agus/no laigsean mhodhan rannsachaidh</li> <li>◆ leasachaidhean/modhan eile a thathar a' moladh</li> <li>◆ ceanglaichean le stòrsan/fiosrachadh a thugadh a-steach don mheasadh</li> </ul> <p>Cha bu chòir <b>comharran sam bith</b> a thoirt seachad ma tha an tagraiche air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh air an duilleig rannsachaidh aca, no ma tha an tagraiche dìreach air tuairisgeul coitcheann a thoirt seachad air a' mhodh rannsachaidh gun cheangal soilleir don fhianais rannsachaidh aca fhèin.</p>

Sgilean	Stiùireadh air comharrachadh	Comharras àirde	Stiùireadh a bharrachd
C	A' tarraing air eòlas agus tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh air prìomh fheartan a' chuspair no a' chùise	6	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 6 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p><b>Toraidhean rannsachaidh</b>  Airson làn chomharran fhaotainn, feumar iomradh a dhèanamh air toraidhean an rannsachaidh aca, mar a tha a' nochdadh san fhianais rannsachaidh a thugadh a-steach don ìre toradh fianais. Thoir seachad <b>4 comharran aig a' char as motha</b> mas e 's nach eil tagraichean a' dèanamh iomradh sam bith air an rannsachadh aca.</p> <p>Thoir seachad <b>suas gu 6 comharran</b> an urra ri factaran leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ fiosrachadh buntainneach, fìrinneach</li> <li>◆ an ìre de mhion-fhiosrachadh is mìneachadh</li> <li>◆ caochladh bheachdan a thathar air ainmeachadh</li> <li>◆ ceanglaichean le stòrasan/fiosrachadh a thugadh a-steach don mheasadh</li> </ul> <p>Cha bu chòir <b>comharran sam bith</b> a thoirt seachad ma tha an tagraiche air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh air an duilleig rannsachaidh aca.</p>

Sgilean	Stiùireadh air comharrachadh	Comharras àirde	Stiùireadh a bharrachd
D	A' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir, le taic bho fhianais, mun chuspair no cùis.	4	<p>Faodaidh tagraichean comharran a chosnadh ann an grunn dhòighean <b>suas gu 4 comharran aig a' char as motha.</b></p> <p><b>Toraidhean rannsachaidh</b> Thoir seachad <b>suas gu 4 comharran</b> an urra ri factaran leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ buntainneas nan co-dhùnaidhean don chuspair no cùis a chaidh a rannsachadh</li> <li>◆ an ìre de mhion-fhiosrachadh</li> <li>◆ càileachd a' mhìneachaidh</li> <li>◆ soilleireachd a' cho-dhùnaidh/na breith/a' mholaidh</li> </ul> <p>Cha bu chòir <b>comharran sam bith</b> a thoirt seachad ma tha an tagraiche air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh bhon rannsachadh aca.</p>

## Foir-shealladh air stiùireadh air comharrachadh

Sgilean	0 comharran	1 chomharra	2 chomharra	3 comharran	4 comharran	5 comharran	6 comharran
A' taghadh, leis an ìre as lugha de thaic, cuspair no cùis Nuadh-eòlais a tha freagarrach	Thathar air cuspair rannsachaidh a thaghadh a tha freagarrach agus a' buntainn ris an latha an-diugh. Faodar a thaisbeanadh ann an cruth beachd-bharail agus/no amasan. 'S iad na cuspairean rannsachaidh as fheàrr an fheadhainn a tha mionaideach agus fòcasaichte agus a tha a' leigeil le tagraichean cothrom fhaighinn air an raon iomlan de chomharran ann an earrannan B, C agus D.						

Sgilean	0 comharran	1 chomharra	2 chomharra	3 comharran	4 comharran	5 comharran	6 comharran
<p><b>A' dèanamh measadh air èifeachdas dà mhodh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, a' toirt beachd air na neartan is laigsean aca far a bheil sin iomchaidh</b></p> <p>Thoir seachad 10 comharran thar cheann agus suas gu 6 comharran airson aon mhodh rannsachaidh sam bith. Airson chomharran iomlan, feumaidh tagraichean iomradh a dhèanamh air dà mhodh rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air comharrachadh a dhèanamh agus/no cunntas a thoirt seachad air a' mhodh rannsachaidh.</p> <p>Thathar air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh bho fhianais rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air iomchaidheachd a' mhodh rannsachaidh, a chaidh a chleachdadh airson a' chuspair no cùis shònraichte, a chomharrachadh.</p>	<p><b>A bharrachd air sin,</b> thathar air neartan a' mhodh rannsachaidh a thoirt seachad.</p>	<p><b>A bharrachd air sin,</b> thathar air iomradh a dhèanamh air fianais rannsachaidh gus taic a thoirt don mheasadh air neartan mhodhan rannsachaidh.</p>	<p><b>A bharrachd air sin,</b> thathar air laigsean a' mhodh rannsachaidh a thoirt seachad.</p>	<p><b>A bharrachd air sin,</b> thathar air iomradh a dhèanamh air fianais rannsachaidh gus taic a thoirt don mheasadh air laigsean mhodhan rannsachaidh.</p>	<p><b>A bharrachd air sin,</b> thathar air leasachaidhean agus/no modhan rannsachaidh eile a chur air adhart.</p>

Sgilean	0 comharran	1 chomharra	2 chomharra	3 comharran	4 comharran	5 comharran	6 comharran
<p><b>A' tarraing air eòlas agus tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh air prìomh fheartan a' chuspair no cùise</b></p> <p>Thoir seachad suas gu 6 comharran.</p>	<p>Chan eilear air eòlas air a' chuspair no cùise a thaisbeanadh.</p> <p>Thathar air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh bho fhianais rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air cunntas a thoirt seachad air prìomh fheart a' chuspair no cùise gun ach fìor bheag de dh'fhiosrachadh no eisimpleirean.</p>	<p>Thathar air cunntas a thoirt seachad air prìomh fheart a' chuspair no cùise le beagan fiosrachaidh no eisimpleirean.</p>	<p>Thathar air mìneachadh a thoirt seachad air prìomh fheart a' chuspair no cùise le mion-fhiosrachadh taiceil agus iomradh air fianais rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air prìomh fheartan a bharrachd a thoirt seachad agus thathar air ceangal a dhèanamh don chiad phuing.</p>	<p>Thathar air prìomh fheartan a bharrachd a leasachadh agus iomradh a dhèanamh air fianais rannsachaidh agus thathar air ceangal a dhèanamh am measg nam prìomh fheartan.</p>	<p>Thathar air beachdan eile a chomharrachadh.</p>

Sgilean	0 comharran	1 chomharra	2 chomharra	3 comharran	4 comharran	5 comharran	6 comharran
<p><b>A' ruigsinn co-dhùnadh aig a bheil taic làidir, le taic bho fhianais, mun chuspair no cùis.</b></p> <p>Thoir seachad suas gu 4 comharran.</p>	<p>Thathar air geàrr-chunntas no ath-aithris a dhèanamh air puingean a rinneadh roimhe.</p> <p>Thathar air lethbhreac dìreach a dhèanamh den fhiosrachadh bho fhianais rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air co-dhùnadh bunaiteach no cuingichte a ruigsinn a tha a' buntainn ri cuspair no cùis rannsachaidh.</p>	<p>Thathar air co-dhùnadh soilleir a ruigsinn a tha a' faighinn taic bho eòlas is tuigse an tagraiche air a' chuspair no cùis.</p>	<p>Thathar air co-dhùnadh soilleir a ruigsinn a tha a' faighinn taic mhionaideach bho eòlas is tuigse an tagraiche air a' chuspair no cùis.</p>	<p>Thathar air co-dhùnadh bun-chruthachail agus geur-bheachdach a ruigsinn a tha ceangailte gu soilleir ris a' cheist rannsachaidh agus a tha a' faighinn taic mhionaideach bho eòlas is tuigse an tagraiche air a' chuspair no cùis.</p>		

# Stiùireadh nan Oileanach

Tha am measadh seo a' buntainn ris an obair shònraichte airson Nuadh-eòlas Nàiseanta 5.

Tha luach 20 comharra anns obair shònraichte seo. Bidh na comharran a' cur 20% ris na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' measadh nan sgilean, eòlais is tuigse a leanas:

- ◆ tagh, le glè bheag de thaic, cuspair no ceist nuadh-eòlais a tha iomchaidh
- ◆ cruinnich fianais bhuntainneach bho co-dhiù dà stòr fiosrachaidh de dhiofar sheòrsaichean
- ◆ dèan measadh air èifeachdas dà dhòigh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh, a' toirt iomradh air na neartan agus na laigsean aca far a bheil sin iomchaidh
- ◆ cleachd sgilean nuadh-eòlais a thaobh na fianais a chruinnich thu
- ◆ cleachd eòlas agus tuigse gus mìneachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh air prìomh fheartan a' chuspair no na ceiste
- ◆ thig gu co-dhùnadh le deagh taic, agus le taic bho fhianais, mun chuspair no mun cheist.

Innsidh an tidsear no an t-òraidiche mar a thèid am measadh a chur an gnìomh, agus mu chumhachan riatanach sam bith airson a dhèanamh.

Tha dà cheum anns a' mheasadh:

- ◆ rannsachadh
- ◆ a' cruthachadh fianais: a' sgrìobhadh aithisg leis an fhiosrachadh a gheibh thu a-mach, (fo chumhachan deuchainn, air a dhèanamh ann an uair a thìde agus aon turas)

Aig ìre an rannsachaidh bu chòir dhut ceist no cuspair a thaghadh a leigeas leat ceist ann an nuadh-eòlas cho-aimsireil a sgrùdadh. 'S dòcha gum bi seo co-cheangailte ri cuspair a sgrùd thu sa chlas, no ma tha thu ag iarraidh, faodaidh tu rannsachadh a dhèanamh air ceist no cuspair buntainneach sam bith.

Cuideachd aig ìre an rannsachaidh, feumaidh tu duilleag rannsachaidh airson Nuadh-eòlas a lìonadh airson do chuideachadh aig an ath ìre: a' sgrìobhadh aithisg air na fhuair thu a-mach. Chan fhaod barrachd air dà dhuilleag singilte de A4 a bhith an seo. Bu chòir dà dhiofar modh rannsachaidh a rinn thu nochdadh san fhianais a bheir thu a-steach.

Tha eisimpleirean dhen t-seòrsa fianais a dh'fhaodas a bhith air an duilleag rannsachaidh agad gu h-ìosal:

- ◆ clàr no graf staitistigs bho aithisg air an eadar-lìon le àireamhan co-cheangailte ris a' chuspair no ris a' cheist

- ◆ liosta cheistean a rinn thu airson agallamh còmhla ri manaidsear còmhnaidh-fasgaidh
- ◆ litir, le ceistean, a chuir thu chun a' BhPA ionadail mun chuspair no mun cheist a rannsaich thu
- ◆ am freagairt a fhuair thu dhan litir a' sealltainn fiosrachadh bho fhreagairtean nan ceistean a dh'fhaighnich thu
- ◆ dealbh-sgrion le liosta de làraich-lìn a lorg thu a' cleachdadh einnsean-rannsachaidh leis an fheadhainn as buntainniche air an soilleireachadh
- ◆ artaigil à pàipear-naidheachd leis na prìomh phuingeann air an comharrachadh co-cheangailte ris a' chuspair no ris a cheist
- ◆ toradh an rannsachaidh a rinn thu air a' chuspair no air a' cheist le nota dhen àireimh de dhaoine ris an do bhruidhinn thu, agus cuin is càit an do rinn thu e
- ◆ copaidh de na notaichean a rinn nuair a choimhead thu prògram air an telebhisean mun chuspair no mun cheist, le ainm a' phrògram, ainm an stèisein agus deit a' chraolaidh
- ◆ notaichean mu thuras a ghabh thu mar phàirt de thuras clas airson Nuadh-eòlas, me a Phàrlamaid na h-Alba

Nuair a bhios tu aig ìre a bhith a' cruthachadh fianais, feumaidh tu an aithisg a dhèanamh air teamplaid na h-àithisg airson Nuadh-eòlas. Chan fhaod thu an aithisg a chopaigeadh dìreach bhon duilleag rannsachaidh agad. Chan fhaigh thu comharran airson copaigeadh dìreach. Faodaidh tu ge-tà iomraidhean a chopaigeadh gu lèir, cho fad 's a dh'ainmicheas tu na stòran.

Feumaidh an duilleadh rannsachaidh a dhol gu SQA. Cha bhi an duilleag rannsachaidh air a comharrachadh.

### **Ag obair còmhla ri daone eile**

Ged a bu chòir dhut do chuspair fhèin a thaghadh airson a rannsachadh, 's dòcha gun tagh feadhainn eile sa chlas cuspair coltach ris an fhear agadsa. Dh'fhaodadh e a bhith feumail obrachadh còmhla ri feadhainn eile airson pàirt dhen tìde nuair a bhios tu a' cruinneachadh fiosrachadh.

Ma nì thu sin, tha e cudromach gum bi thu air chomas sealltainn na rinn thu fhèin airson a' phìos seo den obair shònraichte, agus gur e an obair agad fhèin a bheir thu a-steach dhan mheasadh.

Sa mheasadh seo bidh thu:	Mar a nì thu e
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' taghadh cuspair no ceist nuadh-eòlais</li> </ul>	<p>Bu chòir an cuspair no a' cheist Nuadh-eòlais a thagh thu leigeil leat:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ rannsachadh a dhèanamh air ceist cho-aimsireil</li> <li>◆ na sgilean nuadh-eòlais agad a chleachdadh</li> </ul> <p>Bidh roghainn glè fharsaing de chuspairean no de cheistean agad airson a rannsachadh. Faodaidh tu tuilleadh rannsachadh a dhèanamh air rudeigin a sgrùd thu sa chlas, no air cuspair no ceist anns a bheil ùidh shònraichte agad airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu dheidhinn.</p> <p>Is e cuspairean no ceistean math airson an taghadh feadhainn mu bheil caochladh bheachdan agus far an urrainn dhut na sgilean nuadh-eòlais agad a chleachdadh leithid beachdan a tha airson agus an aghaidh cuspair, a' tighinn gu co-dhùnaidhean no a' dèanamh cho-dhùnaidhean.</p> <p>Cha bhi cuspairean a bhios dìreach gad stiùireadh gu bhith a' toirt cunntas air a' chuspair buailteach a bhith cho inntinneach no a bhith a' cosnadh uiread de chomharran dhut.</p> <p>Tha e cudromach gum bi beachd soilleir agad air a' chuspair no air a' cheist a tha thu a' dol a rannsachadh mus tòisich thu air an obair shònraichte airson gum bi fòcas aig an rannsachadh agus gun tig thu gu co-dhùnadh.</p> <p>Faodaidh seo a bhith ann an cruth:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ cunntas soilleir air a' chuspair no air a' cheist</li> <li>◆ ceist no ceistean a chuidicheas tu le fòcas a chumail air an rannsachadh agad le bhith a' lorg fhreagairtean</li> <li>◆ beachd-bharail gun dearbhadh far am feuch thu ri aithris mun cheist a dhearbhadh ceart no ceàrr</li> </ul> <p>Faodaidh an neach-teagaisg agad taic a thoirt dhut le beachd a thoirt air dè cho iomchaidh 's a tha an cuspair no a cheist a thagh thu agus comhairle a thoirt air dè cho fusasta 's a bhios e goireasan fhaighinn.</p>

Sa mheasadh seo bidh thu:	Mar a nì thu e
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' cruinneachadh fiosrachadh bho co-dhiù dà stòr</li> </ul>	<p>Cho luath 's a tha thu soilleir mun chuspair no mun cheist a tha thu gu bhith a' rannsachadh, faodaidh tu tòiseachadh air fiosrachadh a chruinneachadh. Feumaidh tu co-dhiù dà dhòigh eadar-dhealaichte a chleachdadh airson fiosrachadh a chruinneachadh.</p> <p>A rèir 's de an cuspair no a' cheist a thagh thu, bidh cuid de dhòighean nas freagarraiche na cuid eile agus mar sin bu chòir dhut beachdachadh air far am bi thu buailteach na stòran as freagarraiche airson do chuspair sònraichte a lorg.</p> <p>Faodaidh na dòighean rannsachaidh agad a bhith an dàrna cuid:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ na phrìomh rannsachadh far am bi an fhianais a chruinnicheas tu tùsail dhut fhèin, no</li> <li>◆ na rannsachadh leasaichte far an deach am fiosrachadh a tha thu a' cleachdadh a chruinneachadh le cuideigin eile</li> </ul> <p>Ge-bith de an seòrsa fianais a chruinnicheas tu feumaidh tu, bi cinnteach gun cùm thu nota den stòr san robh am fiosrachadh.</p> <p>Seo cuid de na dòighean a dh'fhaodadh tu a chleachdadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ agallamhan</li> <li>◆ sgrùdaidhean/ceisteachain</li> <li>◆ litrichean</li> <li>◆ làraich-lìn</li> <li>◆ pàipearan-naidheachd/irisean/leabhraichean (clò-bhuailte no eileagtronaigeach)</li> <li>◆ tadhal air àite no cuairtean a-muigh</li> <li>◆ telebhisean/bhidio</li> <li>◆ rèidio/podcastan</li> <li>◆ leabhraichean</li> </ul>

Sa mheasadh seo bidh thu:	Mar a nì thu e
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' luachadh dà dhòigh rannsachaidh a chaidh a chleachdadh</li> </ul>	<p>Fhad 's a bhios tu a' cruinneachadh fiosrachadh airson na h-obair shònraichte agad, bu chòir dhut beachdachadh air dè cho freagarrach 's a bha na dòighean a chleachd thu airson an cuspair no a' cheist agad. Dè na buannachdan a bh' anns an dòigh seo, agus an robh eas-bhuannachdan sam bith ann? Nam biodh tu a' dèanamh an rannsachaidh seo a-rithist, dè dhèanadh tu diofraichte?</p> <p>San aithisg agad, bu chòir dhut sgrìobhadh mu dhà de na dòighean rannsachaidh a chleachd airson an obair shònraichte a dhèanamh, agus bu chòir nota dhiubh a bhith air an duilleag rannsachaidh.</p>
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' cleachdadh sgilean nuadh-eòlais a thaobh na fianais a chruinnich thu</li> </ul>	<p>Nuair a bhios tu a' dèanamh an rannsachaidh, cruinnichidh tu tòrr fiosrachaidh mun chuspair no mun cheist. Bidh cuid den fhiosrachadh gu math feumail, agus bidh cuid nach bi buileach cho feumail.</p> <p>Is ann an seo a chleachdas tu sgilean nuadh-eòlais airson co-dhùnadh dè as fheumaile a bhios dhut. Bidh seo nas fhasa ma rinn thu roghainn soilleir a thaobh cuspair no ceist. Nuair a choimheadas tu air an fhiosrachadh a chruinnich thu, chì thu a bheil e gad chuideachadh leis a' chuspair no leis a' cheist agad:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ A bheil am fiosrachadh a chruinnich thu a' toirt taic dha do bheachd no do bheachd dhaoine eile?</li> <li>◆ A bheil e gad chuideachadh tighinn gu co-dhùnadh mun chuspair no mun cheist?</li> <li>◆ Dè na co-dhùnidhean a nì thu bhon fhiosrachadh a chruinnich thu?</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' cleachdadh d' eòlas agus do thuigse air a' chuspair no air a' cheist gus an cuspair no a' cheist a mhìneachadh</li> </ul>	<p>Fhad 's a bhios tu a' rannsachadh cuspair no ceist, bidh thu ag ionnsachadh tòrr mun chuspair no mun cheist agad. Anns an aithisg air an obair shònraichte, bidh cothrom agad cuid de na dh'ionnsaich thu a shealltainn.</p> <p>Cha bhi e air chomas dhut a h-uile càil as aithne dhut a thoirt a-steach, agus mar sin cùm an cunntas agad goirid agus na cuir ann ach na prìomh phuingeann a fhuair thu a-mach.</p>

Sa mheasadh seo bidh thu:	Mar a nì thu e
<p>◆ a' tighinn gu co-dhùnadh a tha a' toirt làn-taic dhan chuspair no dhan cheist</p>	<p>Is e am pàirt deireannach den obair shònraichte tighinn gu co-dhùnadh mun chuspair no mun cheist a rannsaich thu. Seo far am bi e feumail dhut ma rinn thu taghadh ciallach air do chuspair no do cheist.</p> <p>Ma thagh thu cuspair mu bheil diofar bheachdan a' nochdadh, faodaidh tu a ràdh dè am beachd as motha ris a bheil thu ag aontachadh.</p> <p>Ma thaghas tu cuspair air am feum thu co-dhùnadh a dhèanamh, faodaidh tu co-dhùnadh a dhèanamh air dè mholadh tu agus inns carson.</p> <p>Ma tha thu air tòrr fiosrachaidh a chruinneachadh mu chuspair, faodaidh tu a ràdh dè am fiosrachadh as cudromaiche agus as earbsaiche nad bheachdsa, no sealltainn mar a tha nithean air atharrachadh thar ùine.</p> <p>Anns gach ceist, feumaidh tu taic a chur ri do cho-dhùnaidhean le fianais.</p> <p>Cuimhnich gur e beachd gun tàinig thu a th' ann an co-dhùnadh agus nach e geàrr-chunntas de na tha thu air a sgrìobhadh.</p>

# Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An t-Sultain 2024 (dreachd 3.0)

## Fiosrachadh nan atharrachaidhean

Dreach	An t-atharrachadh	Deit
1.0	Tha an sgrìobhainn seo a' dol an àite na dreachd leis an deit An Sultain 2016. An sgrìobhainn air fhòrmatadh a rèir na teamplaid agus an stoidhle sgrìobhaidh as ùire.  Atharraichidhean a rinneadh Stiùireadh Comharrachaidh airson Pàirt B airson soilleireachadh. Cha deach atharrachadh sam bith eile a dhèanamh.	An Sultain 2017
2.0	Peanas airson nach deach duilleag rannsachaidh a chur a-steach	An Dàmhair 2019
3.0	Peanas far nach eilear a' cur a-steach duilleag rannsachaidh air a thoirt air falbh bho 'Stiùireadh do thidsearan is òraidichean' agus bhon earrann 'Stiùireadh nan Oileanach'.  Clàran air an atharrachadh air sgàth so-ruigsinneachd.	An t-Sultain 2024

## Tèarainteachd agus dìomhaireachd

Faodaidh luchd-obrach ann an ionadan air an dearbhadh le SQA an sgrìobhainn seo a chleachdadh airson nan Cùrsaichean Nàiseanta, ach chan fhaod air adhbhar sam bith eile.

## Còraichean

Faodar an sgrìobhainn seo ath-riochdachadh gu lèir, no pàirt dheth, airson measadh fhad 's nach bi prothaid sam bith a' tighinn bhon ath-riochdachadh, agus ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid an stòr ainmeachadh. Tha an t-uallach air an ionad cead fhaighinn airson nan còraichean.

Ma thèid ath-chleachdadh ann an dòigh sam bith eile gun chead, dh'fhaodadh sin a bhith an aghaidh riaghailtean nan còraichean.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2024